




comhairle nan eilean siar  
aithris bhliadhnail agus cunntasan 2000-01





**Tha an aithisg seo air a dhealbh mar shealladh air obair Chomhairle nan Eilean Siar. Nochdaidh e gu follaiseach mar a tha a' Chomhairle a' spàirneadh gus Luach an Airgid a thoirt do mhuinntir nan Eilean Siar, an dà chuid ann a bhi a' libhregadh sheirbhisean agus a' leasachadh phoileasaidhean.**

**Comhairle nan Eilean Siar  
Rathad Shanndabhaig,  
Steòrnabhagh, HS1 2BW  
Fòn: 01851 703773  
Facs: 01851 705349**

## Clàr-innse

Roimh-ràdh a' Chinn-suidhe .....	3
Cothroman gaoithe - cumhachd ùr agus na h-eileanan .....	4
Na h-Eileanan Siar .....	6
Comataidh an Fhoghlaim .....	8
Comataidh nan Seirbhisean Soisealta .....	10
Comataidh Seirbhisean na h-Arainneachd .....	12
Comataidh nan Seirbhisean Taigheadais .....	14
Comataidh nan Seirbhisean Leasachaidh .....	16
Comataidh nan Seirbhisean Siubhail .....	18
Comataidh nan Ealan agus nan Cur-seachadan .....	20
Comataidh nan Seirbhisean Cumhnant .....	22
Comataidh Poileasaidh agus Stòrais .....	24

## Liosta Ghèarr-ainmean

<b>HIE</b>	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
<b>NCH</b>	Dachaidhean Chloinne Nàiseanta
<b>SNH</b>	Dualchas Nàdair na h-Alba
<b>WIE</b>	Iomairt nan Eilean Siar
<b>DLO</b>	Sgioba Chosnaichean na Comhairle
<b>DSO</b>	Sgioba Sheirbhisean na Comhairle
<b>SHIP</b>	Prògram Leasachaidh airson Tallaichean Albannach
<b>MOD</b>	Seirbhis an Dìon
<b>SACRO</b>	Comann na h-Alba airson Cùram is Ath-shuidheachadh nan Ciontach
<b>OFTTI</b>	Cothroman Trèanaidh a dh' Ionnsaigh Neo-eisimeileachd
<b>SEPA</b>	Buidheann Dìon na h-Arainneachd an Alba
<b>HISTP</b>	Prògram Trasdach Sònraichte na Gàidhealtachd is nan Eilean

Air a dhealbh agus air fhoillseachadh le Cò.cò, Steòrnabhagh 01851 870088

Tha e na thoileachas dhomh fàilte a chuir air an Aithisg Bhliadhna seo de dh'obair Comhairle nan Eilean Siar airson na bliadhna ionmhais 2000-01. Ged 's i bliadhna mheasgaichte a th'air a bhi innte, gu h-àraidh a thaobh maoinachais na Comhairle, tha moran anns na duileagan a leanas - amasan air an coilionadh, barr air a thoirt air targaidean agus roimh-innleachdan dealbhaichte - às an urrainn dhuinn uile a bhi pròiseil.

Tha cùmhnantan tri-bliadhna airson riaghaltas ionnadail gan toirt gu buil le Riaghaltas na h-Alba, a' toirt dhuinn an cothrom dealbhadh roimh-innleachdail a chuir romhainn agus plana a chuir a-mach nas cinntiche airson na bliadhnaichean a tha ri tighinn. Tha sinne a làn-chreidsinn ann a bhi a' libhregadh ionmhais ann an dòighean a ghleidheas seirbheisean deagh-ghnè agus a bheir air adhart eaconomaidh maireannach nan eilean.

Troimh'n bhliadhna 2000-01, tha Riaghaltas na h-Alba air dearbhadh gu bheil Cuibhreann Feuman Sònraichte nan Eilean aig a' Chomhairle air a ghleidheadh. Bha a' Chomhairle air tagraidhean làidir a dheanadh gu na Ministearan a dh'èist gu durachdach agus a thuig neart ar n-argamaid.

Air an làimh eile, ged tha, dh'fhàilig air DSO/DLO nan Seirbheisean Teicneacach na bha a dh'Ìth a choilionadh agus bha easbhaidh £667,000 sna cùntasan aca-san. Gun dàil, thugar seo fa chomhair an Riaghaltais agus chuirte còmhlan obrach air bhonn gus cuisean a chothromachadh. Chuireadh plana feabhais an gnìomh gus an DSO/

DLO a chuir air ais air a chasan. Cuirte a-mach gu tairgse cùmhnantan a bha a' call airgid gus feabhas luach a dhearbhadh.

Bha prìomh àite aig a' Chomhairle, ag obrachadh còmhla ri ur luchd-pàirt ionadail, ann a bhi a' dealbhadh na roimh-innleachd airson Program Sònraichte Eadar-Amail na Gàidhealtachd snan Eilean a mheudachadh. Tha an t-innleachd ioma-buidhne seo ag amas air cosnadh deagh-ghnè a chruthachadh. Leigidh dualchas sònraichte nan eilean, le a chuid cultur, tìr-eolas agus cànan, le leithid a' chothroman eaconamach a thiginn gu buil.

Tha a' Chomhairle a' brosnachadh na Gàidhlig agus a' cleachdadh na th'ann de chomhroman eaconamacach an luib na cànan. Chuir sinn air bhonn Sgioba na Gàidhlig ann an Oifis na Ceannaird gus togail air na neartan a th'againn. Tha a' Chomhairle a' frithealadh cridhe na Gàidhealtachd agus tha sinn air ar deagh shuidheachadh airson a' h-uile cothrom a ghabhail, do mhaith nan eilean, air na tha a' tighinn anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Aig toiseach na bliadhna 2001, mhol a' Chomhairle gum bu choir na h-eileanan a bhi na Sòn Ur-Ghnàthachadh Cumhachd (EIZ). Tha na planaichean air taic fhaighinn bho bhuidheannan ionadail agus bho luchd-gnìomhachais agus riaghaltais. Tha an comas airson cumhachd gaoithe, tonn agus mara cho math ri gin air an t-saoghal agus

tha sinn misneachail gun toir na goireasan seo a th'againn, nuair a dh'obraicheas sinn comhla ri sgoilearan, luchd-gnìomhachais agus riaghaltas, maith dha na h-eileanan san àm ri teachd.

Anns gach earrann, tha a' Chomhairle ag obrachadh gu dlùth còmhla ri buidheannan eile. An co-bhonn le Colaisde a' Chaisteil, Iomairt nan Eilean Siar and Bòrd Slàinte nan Eilean Siar tha sinn air fòram a chuir air bhonn, agus air Plana Coimhearsnachd aontachadh, gus co-obrachadh agus libhrigeadh seirbheis a leasachadh.

Se an co-obrachadh a th'againn le muinntir nan eilean am fear as cudthromaiche a th'ann. Tha a' Chomhairle a seo airson an slugh a fhrithealadh agus tha mise a' cuir romham gu libhrig sinn ar n-obair ann an an dòigh fhosgailte agus fhollaiseach. Bi sinn freagairteach gu feumalachdan ar coimhearsnachdan taobh a-staigh bacaidhean an ionmhais. Tha mi deimhinn gun leasaich sinn beatha ar coimhearsnachdan le a bhi ag obrachadh còmhla.

Bu toil leam co-dhùnadh le ùmhachd a thoirt dha mo choobraichean agus taing a thoirt dhaibh-san, agus do luchd-obrach na Comhairle air fad, airson an dÌlseachd agus an saothair.

**Alec Domhnallach**  
**Ceann-suidhe**  
**Comhairle nan Eilean Siar**





**“Tha cuid dhen ghaoith agus dhe na tuinn ‘s comasaiche air an t-saoghal anns na h-eileanan. Se ar sealladh air na tha ri teachd gun tog sinn saoghal do rannsachadh, leasachadh agus cruthachadh, sgaoileadh, stòradh agus a’ cleachdadh cumhachd ath-nuadhaichte”.**

**Alec Domhnallach,  
Ceann-suidhe  
na Comhairle**

Chuir na h-Eileanan Siar air bhog bho chionn ghoirid ro-innleachd airson na h-eileanan a chruth-atharrachadh gus a bhì na Cheannard Eorpach air Cumhachd Eadar-Dhealaichte. Mu thrath, tha an sgema air àire mhuinntir poileataics a ghlacadh, aig ard ire, agus nam measg Rùnaire Stàite na h-Alba a tha air a radha gun e “tionnsgnadh innleachdach agus inntinneach” a th’ann.

Tha teistias a’ Phrìomhaire ann an cumhachd uaine agus gu bheil ann air £100m a chuir ann an sgeamaichean lùtha ath-nuathaichte air ceistean uaine a chuir aig bàrr na clàr-gnothaich. Tha cumhachd uaine ann an eaconamaidh a th’air a bhì riamh dualtach a bhì an eisimeal taic airgid on taobh a-muigh, na nì soirbh-dhùileach. Do CES agus WIE, tha an sgema na theachdaire ann an roinn a tha iad air gealltainn a chuir an òrdugh tàbhachd airson ath-nuathachadh eaconamach.

Tha taic na Buill Pàrlamaid agus Ball Pàrlamaid na h-Alba, airson nan Eileanan Siar, cho math ri na buidheannan-gnìomha a tha nam co-phàirtichean aig a’ Chomhairle, air cul na tionnsgnadh seo. Tha buidheannan leithid HIE, WIE, SNH agus SEPA cho math ri gnìomhachasan ionadail air an làn thaic a ghealltainn. Tha ainm Colaisde a’ Chaisteal ann an Steòrnabhagh, aon de phrìomh Cholaisdean Ard Ire lìonraidh Oilthigh na Gaidhealtachd is nan Eilean, air a bhì air ainmeachadh mu thràth mar aon aitreabh far am faodadh Cathair Cumhachd Ath-nuathaichte a bhì steidhichte.

Tha fear-labhairt na Comhairle air Cumhachd Eadar-Dhealaichte, an Comhairliche Domhnall M. MacAoidh a’ radha: “Tha e air leth riatanach gu bheil taic riaghaltais againn airson an tionnsgail seo ma tha a’ dol a shoibheachadh leis. Cruthaichidh sgaoileadh math de sgeamaichean cuideachaidh an



suidheachadh ceart airson rannsachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh.


Tha tionnsgail nan Eileanan Siar a' libhreagadh planaichean airson Sòn Ur-Ghnàthachadh Cumhachd a chruthachadh anns na h-eileanan. Bhitheadh an Sòn a' tairgsinn tionnsgailean do chompanaidhean ath-nuathachaidh cumhachd a bhitheadh airson suidheachadh anns na h-eileanan agus tha a' Chomhairle ag obair air ruintean eile gus companaidhean ath-nuathachaidh a thaladh dha na h-eileanan.

Tha a' Chomhairle a-nis a' cuir air bhonn iomairt fiosrachaidh gus an gnothaich a thoirt fa chomhair luchd-poileataics, sgoilearan, muinntir gnìomhachais a' chumhachd agus oifigearan an

riaghaltais. Tha an dà chuid Riaghaltas na h-Alba agus Roinn na Malairt agus a' Ghnìomhachais air nochdadh an deagh-ruin gus obrachadh còmhla ris a' Chomhairle ann a bhi a' leasachadh stòrasan cumhachd nan eilean.

Dh'fhaodadh na h-Eileanan Siar àite sònraichte a ghabhail ann a bhi a' fuasgladh ceistean cliomaideach an t-saoghail. Tha na h-eileanan ann an suidheachadh sàr-bheachd airson an t-uamhas cumhachd eadar-dhealaichte a chruthachadh agus airson a bhi nam meadhain bàrrail air gach nì a bhuinneas do chumhachd ath-nuathaichte an dà chuid aig ìre a' UK agus aig ìre Eorpach.





**Tha na h-Eileanan Siar suidhichte an iar-thuath air tìr mòr Alba agus tha iad air an cuirteachadh le cuid dhen iomall-fairge 's maisiche ann am Breatainn. Tha 290,000 heactair de dh'fhearann sna h-Eileanan Siar agus tha iad 210 cilemeatair de dh'fhaid bho Rubha Robhanais sa cheann a tuath gu na h-eileanan beaga fàs 's fhaide deas. Tha na h-eileanan 60 cilemeatair air leud aig a' char 's motha, agus tha a' bheinn 's àirde 799 meatair a dh'àirde.**

Tha an gnè àrainneachd nàdarra seo na dhachaigh do mu 27,500. Tha e soilleir gur h-e aois 18 gu 21 's buailtiche a bhith a' fagaill nan eilean. Aig 41% 's e an àireamh sa cheud de theaghlaichean le daoine aig aois peinnsein as àirde ann an Alba an coimeas ri 33% thairis air a' chòrr dhen duthaich.

Tha còrr 's 75% dhen fhearann fo chroitreachd agus tha beatha sna h-Eileanan Siar an dlùth dhàimh ri dualchas a' chaitheamh-beatha sin. A dh'aindeoin sin, 's iad na prìomh roinnean eaconamach seirbhisean poblach, iasgach agus tuathanas èisg, cho math ri obair thogalach. Tha mu 12,000 (9,800 FTES) cosnadh ann an eaconamaidh na h-Eileanan Siar agus dìth obrach aig 7.5%, faisg air a dhà uidhir an àireamh mheadhanach anns an Rìoghachd Aonaichte.

## Sluagh nam Prìomh bhailtean

Steornabhagh .....	6000
An Tairbeart .....	480
Loch nam Madadh .....	260
Baile Mhanaich .....	600
Loch Baghasdail .....	280
Bagh a' Chaisteil .....	540

## Sluagh nan Eilean

Leòdhas .....	19,600
Bèarnaraigh .....	260
Hearadh .....	1,800
Scalpaigh .....	380
Bèarnaraigh .....	140
Uibhist a Tuath .....	1,400
Griomasaigh .....	200
Beinn na Faoghla .....	1,800
Uibhist a Deas .....	2,100
Eirisgeigh .....	170
Barraigh .....	1200
Bhatarsaigh .....	70

*Tha na h-àireamhan seo air fad steidhichte air cunntas-sluaigh 1991*





*An Comh. Tormod L. Domhnallach  
Cathraiche Comataidh an  
Fhoghlaim*

**Post-dealain**

murdo-macleod.el@cne-siar.gov.uk

*Gu h-ard: Clann fo aois sgoile, seirbheis a  
tha a-nise ann do chloinn air fad aig aoisean  
tri agus ceithir, a' cluich le na dèideagan.*

*Aig deas: Uilleam Moireastan air greis  
gnìomhachais bhon sgòil, siostam a tha air  
cothroman obrach ann an ullachadh-bidhe  
a thoirt do clann-sgoile na Hearadh còmhla  
ri Cal Mac.*

**“B’e Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba,  
etc. 2000 a’ chiad pios reachdais a chuireadh  
troimh Phàrlamaid na h-Alba. Tha an t-Achd ga  
fhagail mar dhleasdanas air an riaghaltas ionadail  
coimhead as dèidh feumalachdan chloinne a  
thaobh foghlaim agus gus deagh-ghnè an  
fhoghlaim a dhearbhadh. Ni sinn seo ann an  
com-phàirteachas le ar luchd-obrach - clann,  
parantan agus a’ choimhearsnachd”.**

### **Prìomh amasan air an coilionadh ann an 2000-01**

- Tha Riaghaltas na h-Alba air Pròiseacht ùr Sgoiltean Coimhearsnachd fiach £600,000 a thoirt do Leòdhas agus na Hearadh ann an airgead ùr
- Tha Tionnsgnadh a’ Mhaoin Fheabhais airson in-ghabhail sòisealta agus taic do dh’ionnsachadh air tighinn air adhart mar phairt de fhòcas an riaghaltais air foghlam
- Chaidh Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a steidheachadh ann an Cearsiadair, Ceann a Tuath na Loch, Eilean Leòdhas
- Tha Taic As Dèidh Sgoile air a bhi air a leadachadh gu sgoiltean na h-Eileanan Siar air fad
- Tha foghlam fo aois sgoile a-nis ri fhaotainn le clann aig aoisean trì agus ceithir bliadhna far a bheil parantan ga iarraidh
- Tha maoineachadh air a bhi air fhaighinn airson clàr de sgoiltean a theid an càradh
- Tha cùrsaichean Sàr Ard Ire gan tabhairt anns na h-Ionadan Libhrigidh air fad
- Tha seòladh Post-dealain air a bi air a thoirt do chlann-sgoile nan Eileanan Siar air fad

- Tha aiteachain a' dh'aoon ghnòthaich do chlann le feumalachdan sònraichte anns na còmhlain chùraim-chloinne ùr air fad
- Tha clàran mothachaidh Dhrugaichean air a bhi air an cuir air bhonn mar chuibhreann de phrògram Foghlam Slàinte 5-14
- Inbhe ILP air a bhi air a ghleidheadh le Roinn an Fhoghlaim agus air a chosnadh as ùr le dà sgoil anns na h-Eileanan Siar
- Choisinn buidheann de dh'òigridh duais nàiseanta ann an sgema 'Iomairtean Oige'

## Tionnsgnaidhean

- A' comharrachadh nithean air thoiseach foghlaim ann an co-chomhairle le luchd-obrach, clann-sgoile, parantan agus a' choimhearsnachd
- A' cumail air adhart le leasachadh cùrsaichean Sàr Ard Ire agus trèanadh sgilean dreuchdail dhan a h-uile sgoileir
- Leadachadh air Tionnsgnadh nan Sgoiltean Coimhearsnachd gu Leòdhas agus na Hearadh agus a' cuir air bhonn siostaman cuideachaidh a chuideachas clann ann an èis agus a bhrosnaicheas com-pàirteachadh sòisealta

- Trèanadh do luchd-teagaisg air fad a' cleachdadh Maoin airson Chothroman Ura
- Ullachadh airson greisean gnìomhachais leudaichte agus prògraman iomairtich don chloinn air fad sna Bun Sgoiltean agus aig ìre S4 sna h-Ard Sgoiltean
- Ag obrachadh gus tionnsgnadh a choilionadh a bhrosnaicheas luchd-obrach churaim-chloinne gus teisteanas nàiseanta a chosnadh
- Buileachadh air aont MhicChròin air turasdal agus cùmhnantan seirbhis ann an co-chomhairle le luchd-obrach, comainn proifeiseanta agus aonaidhean ciùird

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Tha buaidh mhor gu bhi aig Achd Inbhean ann an Sgoiltean na h-Alba, etc., 2000 air ullachadh agus deagh-ghnèth an fhoghlaim a thathas a' libhrigeadh. Ni a' Chomhairle a h-uile dìchill gus feuman an Achd a dhaingneachadh
- Cuirte an gnìomh molaidhean MhicChròin air turasdal agus cùmhnantan seirbhis luchd-teagaisg

- Cuirte barrachd airgid ma choinneamh trèanadh agus uidheamachadh gus deanadh cinnteach gum faigh clann-sgoile na h-Eileannan Siar an luach as fhearr bho ICT
- Tha na cùrsaichean ùra a th'air tighinn an luib Sàr Ard Ire ga dheanadh riatanach clàr-oideachais 3-18 ath-sgrùdadh agus a leasachadh
- Theid ullachadh airson an saoghal obrach a chumail a' dol troimh clann-sgoile agus luchd-obrach a bhi a' sas ann ann an trèanadh agus ann an greisean gnìomhachais còmhla ri Iomairt na Gaidhealtachd snan Eilein agus Obraichean na h-Alba
- Leanaidh am prògram airson sgoiltean a chàradh mar a tha iomchaidh
- Bi leadachadh prògram nan Sgoiltean Coimhearsnachd gu Leòdhas agus na Hearadh air a dhealbh airson tighinn a-reir Tionnsgnadh a' Mhaoin Fheabhais gus in-ghabhail sòisealta agus foghlam fad beatha a bhrosnachadh

Tha buaidh air a bhi aig co-obrachadh eadar Roinn an Fhoghlaim aig a' Chomhairle agus Comann Iasgairean nan Eileanan Siar san t-seagh gu bheil prògram pìolatach air a bhi soirbheachail do dh'òigridh a' fagail na sgoile.

Tha modh ùr-ghnàthach air leigeil le òigridh teisteanasan nàiseanta a chosnadh agus eòlas phrìseil fhaighinn. Do chuid dhiubh sin a bha airson a bhi a' dol gu muir, thugar dhaibh an cothrom trèanadh agus obair fhaighinn, an dà chuid ann an gnìomhachas an iasgaich agus ann an earrann na mara san fharsaingeachd. Tha e air a bhi comasach do Chaledonian Mhac a' Bhruidhinn luchd-obrach òg às na h-eileanan fhasdadh air salaibh an tionnsgnadh seo.

**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**





**An Comh. Mairi Bremner**  
Cathraiche Comataidh na  
h-Obrach Shòisealta

**Post-dealain**  
msmith@cne-siar.gov.uk

*Gu h-ard: Nellie NicArtair agus a nighinn  
Grace aig Cobhair Bharraigh; Fionnaghal  
Dhùbhghlas a' cluich dàmais còmhla ri  
euslainteach aig Ionad boile Dhùn Eisdinn.*

*Aig deas: Paulette Nic a Phi, neach-  
cuideachaidh còmhla ri Ceiteag NicNil aig  
Cobhair Bharraigh.*

**“Se a bhi ag èisteachd gu dùrhdach ri daoine mu an feumanan an aon dòigh air adhart ann a bhi a’ leasachadh sheirbhisean. Air a’ bhliadhna seo, tha ar n-obair air a bhi air a chuideachadh gu mor leis a’ cho-chomhairle fhosgailte air seirbhisean sheann daoine agus tha na th’air tighinn às ri fhaicinn na ur planaichean airson na tha romhainn”.**

### **Prìomh amasan air an colionadh ann an 2000-01**

- Le cuideachadh a bharrachd bho Bhòrd Slàinte nan Eilean Siar, tha maoineachadh Cùram sa Choimhearsnachd aig a’ Chomhairle air a bhi air a chleachdadh gus seirbhis ùr de chùram fhois san dachaigh a dhealbhadh agus gus an taic a thathas a’ toirt do dhaoine a’ fagail an osbaidail a mheudachadh
- Tha maoineachadh air a bhi air a chuir air bhonn airson Ionad boile Dhùn Eisdinn a leasachadh le a bhi a’ cuir dà leabaidh a bharrachd ris, a dh’aon ghnòthaich airson cùram fois
- Le cudrom air ar dìlseachd gu co-obrachadh, tha maoineachadh air a bhi air fhaighinn gus Cùram Coimhearsnachd nan Eileanan Siar a chumail a’ dol
- Chuirte air bhonn sgeama pìolatach air a stiùireadh le Crossroads na Hearadh airson feumanan eadar-àmail agus oidhcheil a choilionadh
- Fhuair aithris fhàbhorach bho Phrìomh Neach-Sgrùdaidh nan Seirbhisean Sòisealta - a’ moladh rianachd sgiobalta na roinne, co-obrachadh an NCH agus seirbheis OT

## Tionnsgnaidhean

- Chuir Roinn Obair Shòisealta na Comhairle air adhart, comhla ri feadhainn eile, pròiseact rannsachaidh mu bheachdan air dochann san dachaigh sna Eileanan Siar ; còmhla rinn bha Poileis a' Chinn a Tuath, Iomairt nan Eilean Siar, Dachaidhean na h-Alba, Bòrd Slàinte nan Eilean Siar agus seirbhisean eile dhen a' Chomhairle
- Mar phairt de ar dealasachd gus seirbhisean chloinne a leudachadh gu h-ionadail, chuirte air bhonn seirbhis altruim ann an com-phàirteachas le NCH Alba
- Tha beachdan na coimhearsnachd air seirbhisean sheann daoine a liubhairt air a bhi air an gabhail le ceisteachan ga chuir gu gach inbheach ann am Beinn na Faoghla, Uibhist a Deas agus Eirisgeigh
- Le ar co-oibrichean anns na seirbhisean slàinte, tha tionnsgnaidhean airson cùram-sonraichte air a bhi air an gabhail gus taic a thoirt do dhaoine nan dachaighean an àite an toirt dhan ospadal troimh'n gheamhradh

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Bi Cùram sa Choimhearsnachd a' leantainn comhairle an rannsachaidh a rinneadh bho chionn ghoirid air seirbhisean do sheann daoine. Cha b'urrainn do dh'ardachadh ann an innleachdan cùram san dachaigh a bhi air a labhairt na bu shoilleire
- Ag gabhail fairear neart nan coimhearsnachdan ionadail, bheir sinne ar làn dhealasachd gus obrachadh còmhla ri Crossroads Leòdhais, Crossroads na Hearadh, Alzheimers Leòdhais agus na Hearadh, Tagsa Uibhist agus Cobhair Bharraigh
- Tha sinn a' cumail oirnn le ar prògram fasdaidh agus treànaidh do luchd-altraim, a' deanadh cinnteach gu bheil cùram chloinne anns na h-Eileanan Siar daonan gan leudachadh

- Mar phairt de ar n-obair gus Irean Nàiseanta ann an Lagh Eucoraich a choilionadh, theid tagraidhean airson an tuilleadh airgid a dheanadh gu Riaghaltas na h-Alba
- Nithear an t-slighe gu seirbhisean nas fhèarr do dhaoine le feumanan sònraichte nas fhasa le a bhi a' toirt ri cheile corra earrann dhe ar seirbheis, co-ionan le molaidhean Riaghaltas na h-Alba nan ath-bhreithneachadh, 'Mar Sibhsé'

A' leantainn am miann gus cùram san dachaigh a liubhairt, tha a' Chomhairle air an seòrsa seirbheis a tha Crossroads air a chuir air adhart ann an Leòdhas agus na Hearadh a leudachadh gu na h-eileanan air fad.

Le maoineachadh tèarainte, gheibh seirbhisean a th'air an steidheachadh gu h-ionadail an t-uamhas luach a bharrachd bho a bhi air an stiùireadh bho thaobh a-staigh na coimhearsnachd agus tha sinn air saothair mhor a chuir ann a bhi a' toirt an seòrsa taic seo dha na h-eileanan air fad le Cobhair Bharraigh a bhi ga chuir air bhonn.

Tha pròiseact Bharraigh, còmhla ri Tagsa Uibhist, a chuireadh air bhonn bho chionn ghoirid, air na seirbhisean a bhathar bho thùs a' liubhairt air leth fo Crossroads agus Alzheimers Alba, an toirt còmhla gus bunnaid amalaichte de cùram ionadail a chruthachadh a bhitheas freagarrach do dh'fheumanan agus meudachd na coimhearsnachd.



**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**



**An Comh. Domhnall MacNeacail**  
Cathraiche Comataidh nan  
Seirbhisean Arainneachd

**Post-dealain**  
kjmacleod@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: Tha bhùidsearan agus luchd-  
làimhseachaidh bìdhe air treànadh  
fhaighinn ann an sàbhailteach bìdhe, an  
luib làghan ùra; Aonghas Moireastan ag  
ath-ghìollachd seann naidheachdan aig  
ionad ath-ghìollachd Bheinn na Dròbh.*

*Aig deas: An t-àite-suidhe ùr, pàirt de  
phròiseact Ionad Choimhearsnachd Thunga.*

**“Tha atharraichean radaigeach air tighinn anns a’ mhìle bliadhna le amalachas Seirbhis Arainneachd còmhla ri Seirbhis Eòrpach is Leasachaidh oifig a’ Cheannaird agus gnìomh a’ chuir-seachad de Roinn an Fhoghlaim sa Chuir Seachad. Bi an Roinn ùr seo na mheadhain air a bhi a’ brosnachadh leasachadh eaconamach agus coimhearsnachd troimh sheirbheisean àrainneachd, culturach agus foghlam coimhearsnachd ann a bhi a’ togail choimhearsnachdan seasmhach”.**

### **Prìomh amasan air an coilionadh ann an 2000-01**

- Chaidh sgeama tabhartais airson Gnìomh le Coimhearsnachdan air an Arainneachd (ACF) a chuir air bhonn a’ cruthachadh deich thar fhichead pròiseact goireis troimh na h-Eileanan. Chaidh gabhail ri coig pròiseact deug eile le maoineachadh bhon taobh a-muigh airson na h-ath bhliadhna
- An luib làghan ùra, thugar treànadh do bhùidsearan a leigeadh leotha cead obrach a chosnadh
- Thugar treànadh ann a’ sàbhailteachd bìdhe do chòrr is ceud gu leth neach-obrach bìdhe
- Chrìochnaichear an cladh ùr ann am Baile na Cailich am Beinn na Faoghla le deagh eiseimpleir de bhalla cloiche tioram mu thimcheall air
- Chuireadh balla iomall agus rèileichean ùra an àite an t-seann bhalla aig cladh Shannabhaig

## Tionnsgnaidhean

- Chaidh ionad ath-ghiolachd a thogail aig Beinn na Dròbh agus Steòrnabhagh le uidheamachd ann gus glainne, paipeir agus canastairean aluminium a chuir an eagar
- Shoirbhich le tagradh gu HISTP airson uidheam pronnaidh a chuireas an eagar seann charabaidean mus teid iad an ath-ghiolachd
- Ghluaisear gu grad an cois a' ghalair roilich. Chuir an com-pàirteachadh againn casg air a' ghalair faighinn dha na h-eileannan agus thug e cothrom ceistean slàinte bheathaichean a dheasbad. Tha doighean-obrach an èiginn againn bho seo a-mach airson a' ghalair roilich
- Troimh Fòram Slàinte Ainmhidhean agus ann a bhi a' cuir Seirbheis Slàinte Ainmhidhean air bhonn, thugar gu buil co-òrdanachadh airson a' chleimh a làimhseachadh

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Theid Roimh-innleachd Riarachadh Otrachais a chuir an gnìomh dha na h-Eileannan Siar a dhearbhas gun coilìon a' Chomhairle a dleasdanasan fo Riaghailt Otrachais an Aonaidh Eòrpaich
- An luib ath-ghiolachd agus tionnsgnaidhean òtrachais, atharraichaidh na Seirbheisean glanaidh agus cruinneachair, o cheile, iomadh nì air leth
- Cuirte iomairt foghlaim agus troimh na meadhaine air bhonn gus am poball a bhrosnachadh ann a bhi ag ath-ghiolachd
- Mar phàirt dhe ar n-iomairt buaidh sheann làraichean òtrachais a lughdachadh theid pròiseas ath-ghiolachd air salachair a thoirt gu buil aig Rueval

- Coimheadear cuideachd air mar a ghabhas dòrtadh a-mach bho làrach Bheinn na Dròbh a lughdachadh, le a bhi a' cleachdadh teicneolaisean ùra 'cùmhadh bho òtrachas'
- Theid crìoch a chuir air taighean-beaga a ghluasad gu rianachd coimhearsnachd troimh 2001-02

Chaidh Sgeama Tabhartais Gniomh le Coimhearsnachdan (ACE) a chuir air bhonn gus maoinachadh a thoirt do bhuidheannan coimhearsnachd a chloilìonadh leasachaidhean àrainneachd agus goireasach dha na sgìrean aca. Tha pròiseact Urrasairean Talmhainn agus Togalaich Thonga air a bhi air leth soirbheachail. Sa phròiseact seo, ghlanar air falbh na h-uiread de sheann thogalaichean, a' leigeil le stuthan a bhi air an cleachdadh airson raon chàraichean ùra, àite-suidhe air a dheandh de chlach, agus cumadh fearainn is balla-cloiche tioram aig Ionad Coimhearsnachd Thonga. Mar phàirt de thionnsgnadh nas fharsainge a th'aig a' Chomhairle gus feumanan fhaighinn air na h-eileanan do stuthan ath-ghiolachd, chleachd an sgeama cuideachd glainne a dh'fhaodar a chuir gu feum mar mheadhain dreanaidh.

CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD





**An comh. Seòras Loni**  
Cathraiche Comataidh nan  
Seirbheisean Taigheadais

**Post-dealain**  
alamont@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: Taigheadas ùr aig làrach Ceann  
na Pàirce; Etta NicChoinnich, te-  
cuideachaidh butha ag obair ann am Butha  
Coimhearsnachd nan Cearn.*

*Aig deas: Domhnall Greumach, a’  
cleachdadh cathair togail agus a’ faighinn  
suas an staidhre na dhachaigh.*

**“Tha e na mhòr thoileachas innse gu bheil farsaingeachd de thionnsgnaidhean ùra taigheadais air a bhith air an gabhail os làimh leis a’ Chomhairle. Gidheadh, cha bu chòir dhuinn na gnìomhan bunnaiteach a tha nan dleasdanasan againn a dhìochuimhneachadh. Tha a’ Chomhairle a’ toirt seirbheisean riatanach do dhaoine as aonais dachaigh, iadsan le feumalachdan sònraichte, teaghlachan ann an taighean mi-fhreagarrach agus a’ libhregadh Seirbheis Shocairean chun na feadhna is so-leònte nar coimhearsnachd”.**

### **Prìomh amasan air an coilònadh ann an 2000-01**

- Chaidh £2.1m de dh’airgead seilbh a chuir ri stòras thaigheadais na Comhairle, air a mhaoineachadh bho Chead Calpa agus gluasad thairis bho mhaoin chùl-stòir. Chaidh £800K eile a chosg bho theachd-a-steach air càraidhean àbhaisteach agus obair-peantaidh
- Chaidh mu £2.9m a chosg air tabhartasan taigheadais - 170 leasachadh thaighean, 308 càraidhean riatanach agus 264 atharraichean ciorramach
- Chuirte Comainn nan Teanant/Luchd-còmhnaidh air bhonn ann am Barraigh agus Grìminis ann an com-phàirteachais le Fòram Luchd-còmhnaidh agus thathas air Poileasaidh Com-Pàirteachadh Luchd-còmhnaidh a steidheachadh
- Chuireadh 175 lorgairean Carbon Monoxide ann an taighean anns a bheil gas air neo connadh deante (bha seo a-mach à 480 airson prògram nan trì bliadhna)
- Leasaich Pròiseact Urachadh Bhaile Mhanaich, anns a bheil luach £275K an àrainneachd agus steidheachair Crèche ùr

- Chuirte 45 taighean ùra ri na th' aig a' Bhuidheann Taigheadais nan stòras airson màil, le rianachd ga dheanadh le Seirbheis an Taigheadais
- Chaidh pasgaid maoineachaidh aontachadh airson Larach Seann Leabhar Lann Steòrnabhagh

## Tionnsgnaidhean

- Bha sgrùdadh ion-dhèantachd chom-pàirteachais an taigheadais ùr air a ghnìomhachadh leis a' Chomhairle agus air a dheanadh le comhairlichean neo-eisimeileach a rannsachadh mar a bha Seirbhis an taigheadais ga libhrigeadh. A-measg na roghainnean air an do choimheadar bha a bhi ag gluasad, gu tur, taighean na Comhairle air fad chun a' Chomainn Thaigheadais ùr coimhearsnachd a tha ag gabhail a-steach na h-Eileanan Siar air fad
- Tha air soirbheachadh gu mor le seirbheis an Neach Cuideachaidh a nì gearradh feòir, càraidhean beaga agus cumail suas, agus leudaichear e gu Barraigh agus Bhatarsaigh

- Steidheicheir gnìomh mor gus atharraichean a dheanadh sna dòighean anns a bheil màil air an cothromachadh. Dh'fhasdadh oifigear a choimheadas air ìrean a' mhàil an-dràsta agus structair màil a dhealbh a-reir meudachd, goireasan agus suidheachadh nan togalaichean
- Chumar co-labhairt Iomadh Eilean san Dùbhlachd 2000

## A coimhead air adhart gu 2001-02

- Bi buaidh mhor aig Achd Taigheadais (Alba) 2001 air còirichean dhaoine gun dachaigh agus air mar a bhitheas taighean gan roinn a-mach
- Steidhichidh e Teanantachd Thèarainte na h-Alba agus ath-leasachaidh e Cead Ceannaich do theanantan ùra. Bi atharraichean mora ann an siostam thabhartasan leasachaidh is càraidh
- Theid co-dhùnadh deireanach a dheanadh air àite na Comhairle mar uachdaran agus cò-dhiù a theidear gu bhòt a ghabhail air an stòras thaigheadais a chuir a-null gu Uachdaran Sòisealta Clàraichte

- Bi a' chiad Planaichean Taigheadais Pearsanta sna h-Eileanan Siar air a chuir an gnìomh am Barraigh
- Bi còrr is £800K de dh'airgead seilbh air a chuir ann am Pròiseact Urachaidh Bheinn nam Faoghla gus taighean an MOD an càradh ar neo an leagail agus cumadh an fhearainn mun cuairt a leasachadh
- Tha polasaidh foirmeil ùr gu bhi air a chuir an gnìomh gus stad a chuir air foill a thaobh Cìs Comhairle agus Sochair Thaigheadais
- Theid a' chiad siostaman gas gu h-iomlan le connadh bho thanca dheanta a chuir ann an trì taighean air an tuath ann an Leòdhas
- Theid 150 taigh eile an uidheamachadh le lòrgaire Carbon Monoxide

Mar phàirt de ar Roimh-innleachd airson Cùram sa Choimhearsnachd, tha a' Chomhairle a' liubhart buidseit bhliadhnail £100K gus feumalachdan theanantan le ciorramachdan ar neo feumalachdan meidigeach sònraichte. Tha an t-seirbhis com-pàirtichte le aonad Cuideachadh Dreuchdail agus a' libhrigeas rud sam bi bho ghoireasan cuideachaidh beag san dachaigh gu atharracichean mora. 'S urrainn dha mar a theid am buidseit seo a chuir gu feum beathannan atharrachadh. Mar eisimpleir, chaidh obair a dheandh o chionn ghoirid do neach iomadh-ciorraim nach b'urraim tuilleadh faighinn suas an staidhre airson goireasan a chleachdadh neo faighinn dhan t-seòmar caidil. Chaidh cathair togail agus frasan furasta a chuir a-staigh agus 's urrainn dhan teanant a-rithist faighinn gu goireasan an taighe agus bi e na chomas fuireach a sin cho fad's a chi duine roimhe.

CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD





*An Comh. Domhnall MacGill'ean  
Cathraiche Comataidh nan  
Seirbheisean Leasachaidh*

**Post-dealain**  
dmckim@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: Finn Syme, clachair, aig raon  
Glèidhteachais Ruis a Gearraidh; Earrsaidh  
Iosaph MacNìl a fhuair taic bho Sgeama  
Iosaid nan Iasgair.*

*Aig deas: Pròiseact Cabhsair Coiseachd na  
Hearadh*

**“Bha a’ bhliadhna na tè dhaingneachaidh dha na seirbhisean a tha a’ tighinn fo chomas na Comataidh, le adhartas bunailteach ga dheanadh a’ toirt taic do thionnsgnaidhean ghnìomhachais agus iomairtich. Leigidh roinn ùr, Coimhearsnachdan Seasmhach, leis a’ Chomataidh libhrigeadh sheirbhis a bhi cosg-èifeachdaiche agus nas amalaichte. Tha againn ri ar n-oidhirpean a dhùblachadh gus bacadh a chuir air fàsacachadh agus cin-obrach, agus leigear le tionnsgnaidhean ùra leithid Sòn Ur-Ghnàthachadh Cumhachd aig a’ Chomhairle, gus sgeamaichean ath-nuathachadh cumhachd a thig na cois, cuideachadh gus na clonaidhean eachdraidheil sin a thilleadh”.**

## **Amasan a chaidh an coilionadh ann an 2000-01**

■ Dh’àrdaich an Comataidh gu mor maoineachadh gu ruige buidheannan leasachadh eaconamach coimhearsnachd. Chosgadh buidseit £108,000 a’ toirt taic do dheich buidheannan agus gus cuideachadh le ochd deug dreuchd oifeagair leasachaidh a steidheachadh

■ Dh’aontaich a’ Chomhairle ìre a’ bharrantais a chuir am meud a thaobh Sgeamaichean Iosaid Gnothaich agus Iasgair, a’ leigeil le gach sgema meudachadh. A bharrachd air a sin, tha Sgeama Toiseachadh Gnothaich agus Tionnsgnadh Taic Margaidheachd air 118 gnothaichean a chuideachadh troimh’n a’ bhliadhna

- Bha an Cathraiche an làthair as leth na Comhairle aig duaisean na h-Alba airson Deagh-ghneth ann an Dealbhachadh 2000 ann an Dun Eideann gus moladh fhaighinn airson sgeama riaghlaidh Làrach Mara Eòrpach Loch nam Madadh. Shonraich a' Chomhairle Sgìrean Glèidhteachais sa Hogh-mhoir an Uibhist a Deas, agus ann a Ruis a Gearraidh ann am Bearnaraigh agus rinneadh ath-sgrùdadh air Sgeama Glèidhteachais Baile Steòrnabhagh. Chrìochnaich cuideachd sgeadachadh Puirt Inntigridh Loch Bhaghasdal agus an t-Ob.

## Tionnsgnaidhean

- Tha a' Chomhairle air na h-Eileannan Siar a mholadh mar Sòn Cumhachd Ur-Ghnàthaichte. Chruthaich cuideachd seo raon fhabhorach fhiosgail a thàirneadh rannsachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh ann a bhi a' cruthachadh, a' sgaoileadh, a' stòradh agus a' cleachdadh cumhachd ath-nuadhaichte agus a bheireadh dhuinn roighinn de chothroman cosnaidh

- Dh'aontaich a' Chomhairle ullachadh conaltraidh a' bhann leathainn a rannsachadh air feadh na h-eileanan gus co-ionannachd cothruim agus coimhionachd eaconamach a thoirt seachad

- Tha a' Chomhairle ag ullachadh Roi-innleachdan gus leasachadh seasmhach agus bith-iomadachd ionadail a dhìon leis a sin a' coilionadh amasan an Riaghaltais a-reir Ard-choinneimh na Talmhainn ann an Rio

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Bi e na phrìomh amas feum a dheanadh dhen a' stòras a th'ann taobh a-staigh Roinn nan Coimhearsnachdan Seasmhach agus taic is maoinachaidh a thoirt do thionnsgnaidhean coimhearsnachd

- 'S t-samhradh 2001 gabhaidh sgeama taic ùr do dh'iomairtean beaga agus meadhan meudach, air a bheil Buannachd Gnothaich àite Sgeama Toiseachaidh Gnothaich agus Tionnsgnadh Taic Margaidheachd.

- Bi a' Chomhairle a' feuchainn ri togail air soirbheachadh an HISTP le a bhi a' cuir a-steach iarrtasan eile mar a thig an cothrom

- Theid breithneachadh air na chaidh a mholadh le rannsachadh eòlaichean air na tha an dàn do sheann gharradh togail Arnis air am measadh agus air an toirt air adhart leis a' Chomhairle, Iomairt nan Eilean Siar agus Urras Steòrnabhagh

- Tha duil aig a' Chomhairle cumail orra le rannsachadh ann an co-chomhairleachadh le prìomh luchd-obrach agus theid tagraidhean làidir a dheanadh chun an riaghaltais air tionnsgnadh Sòn Cumhachd Ur-Ghnàthachadh

- Bi a' Chomhairle a' sireadh prògraman a theid an àite a' Chùmhnant uir agus Prògram Pileit 25+ cho math ri maoinachadh Tionnsgnadh Cosnaidh Coimhearsnachd

Tha Tionnsgnadh Cosnaidh Coimhearsnachd agus Buidheann Gnìomha na h-Arainneachd a' libhrigeadh sgilean agus treànadh do chosnaidhean troimh phròiseactan àrainneachd agus goireas ann an com-phàirteachas le coimhearsnachdan ionadail. Tha Pròiseacht Cabhsair Coiseachd na Hearadh air aon tuaiream a chrìochnaichear am bliadhna fon a' sgeama. Tha seo a' toirt cothrom coiseachd eireachdail agus cuir-seachadach le mìneachadh dhualchasach thairis air 22 mìle de cheumanan. Bi e sònraichte tarraingeach do luchd-turais agus marsin a' cruthachadh sochairean dhan a' choimhearsnachd. Thairis air an àm a bhathas ag obair air bha ceithir duine deug uile gu leir a' faighinn eòlais agus treànadh fheumail. Fhuair sponsairean na pròiseact, HDL earranta, airgead bho CNES, SNH, WIE, Urras Feill na Mile Bliadhna agus bho Urrasan cathrannais eile.

**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**





**An Comh. Tormod A. Domhnallach**  
Cathraiche Comataidh nan  
Goireasan Siubhail

**Post-dealain**  
mamurray@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: Chaidh seirbheisean adhair  
dìreach à Dhun Eideann an toiseachadh le  
Loganair; chaidh Cabhsair Eirisgeigh  
fhosgladh san Iuchair 2001 a' deanadh  
iomlaid ceangal carabaid bhon a' Rubha an  
Leòdhas gu Barraigh.*

*Aig deas: Greta Mhoireach an Stiùiriche ; a'  
cuideachadh Mairianna Ghreumach dhan a'  
bhus-bheag.*

**“Bha a’ bhliadhna 2000-01 na tè anns an robh  
adhartas mor ann an Bun-structuir Goireasan  
Siubhail le Cabhsair Eirisgeigh a’ dol air adhart agus  
an *MV Hebrides* ùr a’ dol air bhog. Tha Còmhdhail  
agus Goireasan Siubhail fhathast nan ceistean mora  
dha na h-eileanan agus tha Roi-Innleachd  
Còmhdhail Ionadail na Comhairle ag amas air diofar  
mor a dheanadh ann am mathas beatha an dà chuid  
muinntir an àite agus luchd-turais”.**

### **Amasan coilionta ann an 2000-01**

- Chaidh an *MV Hebrides* a cuir air bhog, ag gabhail àite an t-seann *Hebridean Isles* air slighe Uibhist/Na Hearadh/Loch nam Madadh
- Thoisich Loganair seirbheisean dìreach gu ruige Dun Eideann à Steòrnabhagh
- Cosnadh cùmhnant agus talamh ga bhristeadh airson Cabhsair Eirisgeigh
- A' chiad cheumanan eachdraidheil thairis air Cabhsair Eirisgeigh san t-Samhainn 2000
- Thug a’ Chomhairle taic do sgaoileadh de thionnsgnaidhean còmhdhail coimhearsnachd
- Toiseach toiseachaidh seirbheis bus-air-an-iartas mu thimcheall Steòrnabhagh, na h-Uibhistean agus Barraigh
- Amalachais deuchainneach de chòmhdhail feumalachdan sònraichte aig Seirbheisean Sòisealta agus Foghlaim
- Dh’atharraich Fòram Còmhdhail Amalaichte na Gaidhealtachd snan Eilean ainm gu Com-pàirteachadh Còmhdhail Roinneil na Gaidhealtachd snan Eilean

## Tionnsgnaidhean

- Tha a' Chomhairle a' toirt taic do Chiorramachd Leòdhais ann a bhi ag ullachadh seirbhis chobhair siubhail dhaibh-san nach urrainn bus àbhaisteach a ghabhail
- Tha an lìonraidh amalaichte de seirbhisean bhusaichean ann an deagh òrdugh agus tha àireamh an luchd-cleachdaidh a' dol a meud
- Ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan ionadail, tha a' Chomhairle air Roi-innleachd Ionadail a chlà-bhualadh ag amas air a bhi a' leasachadh seirbhisean còmhdaidh air feadh na h-eileannan

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Ghabh a' Chomhairle àite sònraichte ann a bhi a' leasachadh Roimh-innleachd Nàiseanta Fiosrachaidh a' Chòmhdhail Phoballaich PTI 2000
- Cuirte tagraidhaidhean airson bun-structuir aiseag Chaolas Bharraigh
- Criochnaichear Cabhsair Eirisgeigh agus cidhe Aiseag Eirisgeigh
- Criochnaichear raon làraidhean Steòrnabhagh
- Fosglair an togalach ùr aig Port Adhair Steòrnabhagh
- Cumar ag obrachadh le na poileis agus le buidheannan ionadail eile gus sàbhailteachd rathaid a leasachadh air feadh nan Eilein agus marsin a' cuir ri na targaidean nàiseanta airson lùghdachadh ann an tubaisdean rathaid

- Leasachaidhean ann an goireasan seirbhisean bhusaichean a' libhrigeadh bùird fiosrachaidh aig prìomh àiteachain, stadain bhusaichean sna bailtean agus ann an àiteachan tionndaidh far a bheil feum air a sin
- Leasachaidh an Comataidh roghainnean seirbhis bus air an iarrtas gu gach cearnaidh de Leòdhas agus na Hearadh
- Ann an co-rèir ri targaidean nàiseanta brosnachaidh sinn rothaireachd an àite a bhi a' cleachdadh charaichean le a bhi a' toirt gu ìre lìonraidh de shlighean rothaireachd air feadh nan eilean
- Leasachaidhean rin deanadh anns na cabhsairean coiseachd am meadhain baile Steòrnabhagh

Gu tric, se sgeamaichean Còmhdhail Coimhearsnachd am fuasgladh 's fhearr air feumalachdan còmhdhail ionadail a choilionadh. Tha a' Chomhairle air maoineachadh co-ionann a thabhan do dheich buidheannan dhan t-seòrsa sin mar thaic dhaibh nan tagraidhean gu Riaghaltas na h-Alba. Tha aon bhuidheann a' ceannach slighean bùthadh agus ionad slàinte bho fhear aig a bheil seirbhis bhus mu thrath.

Tha a dhà dhe na buidheannan air airgead fhaighinn airson bus beag ùr a cheannach, a tha aca airson a leigeil a-mach air mhàl gu buidheannan eile sa choimhearsnachd. Tha dà sgeama eile a' cuir feum air carabaidean so-ruigsinn na Comhairle nuair nach eil feum orra airson luchd-dèilig Roinn nan Seirbhisean Sòisealta. Tha buidheann eile a' toirt òigridh gu Café feasgar. Tha dìoghras agus dealasachd nam buidheannan sin sònraichte agus bheir sinn ar taic dhaibh uair sam bi 's urrainn dhuinn.

**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**





**An Comh. Alasdair MacRath**  
Cathraiche Comataidh nan Ealan  
is nan Cur-Seachadan

**Post-dealain**

bill-houston@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: Basgaidean fhilùraichean crochte ann an Steòrnabhagh; gheibh luchd-còmhnaidh air feadh nan Eilean gabhail ris an eadar-lìon agus cothroman ionnsachaidh sna leabhar-lannan do bhrìgh gu bheil an luchd-obrach air treànadh fhaighinn.*

*Aig deas: Talla Coimhearsnachd ùr Tholastaidh bho Thuath.*

**“Tha a’ Chomhairle dùrachdach os-meudachadh air na goireasan a th’ann le a bhi ag obair ann an com-phàirteachas le buidheannan saor-thoileach agus le coimhearsnachdan ionadail. Cuiridh Roi-innleachdan Ionnsachadh Coimhearsnachdan agus Spòrs romhainn an t-slighe airson obrachadh comhla gus mathas ar beatha sna h-eileanan a leasachadh”.**

**Prìomh amasan air an coilionadh ann an 2000-01**

- Leasaichear Roi-innleachd Ionnsachaidh Coimhearsnachd ann an com-phàirteachas le sgaoileadh de bhuidheannan a-rèir an lagh agus saor-thoileach
- Leasaichear Roi-innleachd Spòrs ann an co-bhonn le buidheannan spòrs agus luchd-obrach eile air feadh na h-eileanan
- Chuideachair gus Fòram Spòrs nan Eilean a leasachadh ag co-obrachadh le Spòrsalba agus ùghdarrasan eileanan eile
- Taic neartaichte dha na taisbeanaidhean fhilùraichean air feadh na h-eileanan
- Taic neartaichte airson solais na Nollaig agus taisbeanadh nan lasairean
- Chuidich Maoineachadh Calpa nan Tallaichean Coimhearsnachdan ùr ann an Loch nam Madadh agus ann an Càirinis
- Taic neartaichte do Thaigh Chearsabhaigh - proiseact ealain brosnachail ann an Uibhist a Tuath
- Leasaichair Fòraman òigridh agus bhrosnaichair òigridh gu a bhi a’ sas ann an Ionad Pointers
- Thugar taic do Fheill Ceilteach Innse Gall agus do sgaoileadh do fheilltean agus fhèisean

## Tionnsgnaidhean

- Bha Maoineachadh airson Cothroman Ura air a chleachdadh airson luchd-obrach nan leabhar-lannan a threànadh ann an Lìonraidh a' Phobail. Bheir seo cothroman do luchd-còmhnaidh air feadh na h-eileanan cothrom air an eadar-lìon agus cothroman ionnsachaidh ùr
- Chaidh adhartas tàbhachdach a dheadh ann a bhi a' leasachadh sgeama litreachd is àireamhachd air feadh na h-eileanan
- Ghluaisear obraichean ealain agus cuir-seachad gu Roinn ùr nan Coimhearsnachdan Seasmhach

## A' coimhead air adhart gu 2001-02

- Bi prògram an litreachd air a leasachadh a' cleachdadh Tabhartas Sònraichte bho Riaghaltas na h-Alba
- Theid planaichean ionnsachaidh coimhearsnachd a' leudachadh thairis air na h-eileanan
- Leasachaidh Arsaidheachd agus taighean Tasgaidh Roi-innleachd airson an obair a thoirt air adhart airson na trì bliadhna a tha romhainn
- Bi Ionad Spòrs Steòrnabhagh air ath-leasachadh

Chaidh Comann Coimhearsnachd Tholastadh bho Thuath a thaghadh leis a' Chomhairle mar sgeama roghnaichte airson ath-leasachadh talla na coimhearsnachd gu bhi na ionad coimhearsnachd le goireasan atharrachdh aodaich. Fhuair eadh £82,000 bho Riaghaltas na h-Alba an deidh tagradh soirbheachail agus dh'aontaich a' Chomhairle £41,000 a chuir ma choinneamh na sgeama.

Bi aig a' Chomhairle fhein ri £41,000 eile a thogail agus tha air soirbheachadh leotha ann a bhi a' faighinn taic bho sgoileadh de chomainn ionadail agus nàiseanta. Bi an togalach deiseil roimh 'n Mhàrt 2002 agus bi goireas ro-iongantach aig a' choimhearsnachd do bhrigh obair chruaidh muinntir na sgìre agus taic na Comhairle.



**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**



**An Comh. Aonghas Caimbeul**  
Cathraiche Comataidh  
Seirbhisean na Comhairle

**Post-dealain**  
doloan@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: bha fiachan £321K agus £252K  
fa leth air DSOs nan Togalaichean agus  
Càradh na Rathaidean Mora sa bhliadhna  
ionmhais mu dheireadh air sgàth prìsean  
ro-fharpaiseil, teachd-a-steach a' dol sìos  
agus siostaman cunntasachd truagh;  
Choisinn DSO solarachadh sgoile Duais Ithe  
Fallain airson Sgoil Lionail*

*Aig deas: Dealbh aer-ghath de depot  
Marybank*

**“Ga ghabhail ri taobh coilìonadh dòigheil bho DSOs Glanaidh agus Solarachadh, feumar a radha nach urrainn gabhail ri mar a rinn DSOs nan Togalaichean agus Càradh Rathaidean. Feumaidh a’ Chomhairle agus a h-oifigearan dearbhadh gu bheil e nan comas na tha cho follaiseach a bha cearr a chuir ceart anns na DSOs sin”.**

### **Na chuireadh an gnìomh ann an 2000-01**

■ Se na chailleadh de dh’airgead ann an DSO Togalaichean agus Càradh na Rathaidean an naidheachd ‘s brìgheile, thoradh chaill iad £321K agus £252K fa leth. Se bu choireach prìseadh ro-fharpaiseil, teachd-a-steach a’ dol sìos agus siostaman cunntasachd truagh. Tha ceumanan a-nis gan gabhail gus faighinn thairis air na duilgheadasan sin agus tha a’ Chomhairle dòchasach gun gabh na DSOs sin an tionndadh mun cuairt

■ Tha e a’ toirt mòr thoileachas fhaicinn gu bheil DSOs a’ Ghlanaidh, Solarachadh agus Gleidheadh Thalmhainn uile air airgead a dheanadh

## Tionnsgnaidhean

- Tha toiseachadh air treànadh eagarach do luchd-glanaidh na sgoiltean a' ciallachadh gu bheil an DSO air a dhol thairis air na chaidh a chuir ma choinneamh mar sheirbheis. Choisinn DSO Solarachadh nan Sgoiltean Duais ithe Fallain airson Sgoil Lìonail
- Tha DSOs Gleidheadh Thalmhainn air a dhol thairis air na bhathar a' suileachadh le na bha an còrr air a chuir air àis gu leasachaidhean àrainneachd. Am bliadhna chaidh cladh Chille Mhoire a leasachadh le balla cloiche
- Mu dheireadh, tha an com-phàirteachadh eadar DSO Solarachadh Sgoile agus Seirbheisean Sealladh a' Chaisteil a' toirt gu luchd-obrach na Comhairle an tuilleadh sgilean agus, marsin, a' cuir ris an t-seirbhis

## A' coimhead air adhart gu 2000-01

- Tha DSO na Seirbheisean Teicneigeach, a tha a' gabhail a-steach DSOs nan Togalaichean agus Càradh na Rathaidean Mora air a bhi fon a' phrosbaig aig ceithir sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh agus tha e a-nis fo stiùireadh ùr san eadar-ama. Air salaimh na sgrùdaidhean sin, tha Stiùirichean an Ionmhais agus Seirbheisean Corporra air plana gnothaich a dhealbh a tha ag amas air an dà DSO sin a dheanadh prothaideach a-rithist. Tha am plana am beachd cultur stiùiridh èifeachdach a thoirt do DSO nan Seirbheisean Teicneigeach agus ag amas air leasachadh buanachdail ann an rianachd. Ann a bhi a' deanadh seo, gabhaidh a' Chomhairle a h-uile ceum a tha reusanta gus obraichean a dhìon ged nach urrainn geallaidhean sam bi a thoirt seachad

- Bi DSOs eile fo sgrùdadh bho àm gu àm fo sgeama Feabhas Luach



Tha na h-uidhir a leasachaidhean air a bhi air an deanadh aig depot Marybank fo Thionnsgnadh Cosnadh Coimhearsnachd. Tha na ballaichean-cloiche agus ùir air feum mor a dheanadh dhan a' sgìre agus air dìonachd an depot a neartachadh. Tha a' phròiseact seo air daoine òga uidheamachadh le sgilean ùra gun chosgais sam bi dhan a' Chomhairle.

**CRIDHE NA  
COIMHEARSNACHD**





**“Se a th’ann am Polasaidh, nuair a thig e gu a h-aon sa dhà, ach mar a tha sinn a’ cleachdadh stòrais. Se dleasdanas na Comataidh seo polasaidhean a dhealbh agus na prìomh ghnìomhan a cho-òrdanachadh. Tha mar a libhrigeas sinn na seirbheisean a’ crochadh air cho math ’s a làimhseachas sinn daoine agus ionmhas na Comhairle. Tha Comataidh Polasaidh agus Stòrais na Comhairle a’ gabhail an uallaich airson riaghladh polasaidhean agus dòighean-obrach a-rèir rianachd ar stòrais”.**



**An Comh. Ruaraidh Moireach  
Cathraiche Comataidh  
Poileasaidh agus Stòrais**

**Post-dealain**  
nscott@cne-siar.gov.uk

*Gu h-àrd: theid aig oigrìdh air  
coinneachadh ann an àite a tha sabhailte  
agus càirdeil do bhrìgh lionraidh  
Cafaidhean Oigrìdh; Mairi Steele, Bana  
Chleireach, a’ cuideachadh Seòras Meinne  
aig fo-oifig na h-Eileanan Siar.*

*Aig deas: Tha outerhebyouth.com a’  
leasachadh sheirbheisean do dh’òigridh anns  
na h-Eileanan Siar*

### **Prìomh amasan air an coilìonadh ann an 2000-01**

- Tha a’ Chomhairle air prògram tri bliadhna de caiteachas air teachd-a-steach a chuir roimpe airson 2000-03 a’ torit barrachd cinnt ionmhasail agus a’ leigeil luinn an tuilleadh leasachaidh ro-innleachdach a dheanadh
- Lean Comataidh Poileasaidh agus Stòrais a’ gabhail a’ phrìomh àite ann a bhi a’ libhrigeadh Buidseit Reachd-a-steach Bhliadhna bna Comhairle, a tha mu thimcheall £80m, agus tha an Comataidh a’ stiùireadh caiteachas gu na prìomh sheirbheisean a-rèir mar a tha Buill agus coimhearsnachdan air a chuir roimhinn
- Tha siostaman faicill a thaobh ionmhais air a bhi a’ gabhail àite air thoiseach leis a’ Chomataidh agus, a-rithist, b’i a’ Chomhairle a’ chiad tè ann an àlba a fhuair a cunntasan aontachadh le a cuid luchd-sgrùdaidh chunntasan

- Tha an Comataidh air a bhi gu mor a' sas ann a bhi a' co-òrdanachadh beachdan na Comhairle mu chlàr-gnothaich ùrachail an riaghaltais
- Tha Comataidh Polasaidh agus Stòrais air prìomh àite a ghabhail ann am polasaidh gluasaid bhon mheadhan agus mhaoinich an Comataidh sgrùdadh air gluasaid bhon mheadhain a-measg luchd-obrach na Comhairle mar phàirt den amas leantainneach targaidean na Comhairle a thaobh gluasaid bhon mheadhan a choilionadh
- Bha gearanan don ombudsman a-rithist nas ìsle na gin sam bi eile an Alba, gun ghin air an cumail suas an aghaidh na Comhairle

## Tionnsgnaidhean

- Dhealbhaich an Comataidh Roinnleachd Sàbhailteachd Coimhearsnachd airson sàbhailteachd ann an coimhearsnachd a dheanadh a dheanadh nas cinntiche. Mar thoradh air a seo, fhuair eadhon maoinich airson slighe Gokart a bheir oideachadh do dhribhearann agus a leasaicheas ìrean drìbhidh a-measg dhaoine òga anns na h-eileanan
- Fhuair eadhon maoinich troimh Thionnsgnadh Sàbhailteachd Choimhearsnachdan airson lìonraidh de Chafean oigridh air feadh nan eilean far am faod daoine coinneachadh ann an àite a tha sàbhailte agus càirdeil

- Tha Comataidh Polieasaidh agus Stòrais na Comhairle air a bhi a' stiùireadh an iomairt an aghaidh bochdainn anns na h-Eileanan Siar agus air a bhi a' cuir cudthrom air Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte gus dearbhadh nach caill sgìrean ionadail. Tha an Comataidh air a bhi ag obair gu dluth le COSLA agus le ughdarrasan ionadail eile ann a bhi a' cruinneachadh fiosrachaidh mu bhochdainn dùthchail
- Tha Comhairle Oigridh air a bhi air a steidheachadh gus beachdan oigridh a riochdachadh agus am brosnachadh gus com-pàirteachadh ann an gnòthaichean coimhearsnachd
- Tha an Comataidh air làrach lìon oigridh na h-Eileanan Siar a chuir air bhonn

Leasaichear seirbheisean do dh'oigridh sna h-Eileanan Siar nuair a chuireadh air bhog làrach eadar-lìon dà-chananach, sa Ghaidhlig agus sa Bheurla, fon ainm [outerhebyouth.com](http://outerhebyouth.com) a tha ag amas gu sònraichte air oigridh eadar 14 agus 25.

Chaidh an làrach a chuir air bhonn le cuideachadh ionmhasail bho Riaghaltas na h-Alba agus tha e a' toirt seirbheis comhairliche air ceistean bho shlàinte gu sàbhailteachd. Se tionnsgnadh com-pàirteachail a tha anns an t-seirbheis a' gabhail a-steach a' Chomhairle, Bòrd Slàinte nan Eilean Siar, Seirbheis Cosnadh, Colaisde Chaisteil, NCH agus buidheannan Saor-thoileach.

Tha an làrach a' toirt do dh'oigridh air feadh na h-eileanan cothrom air fiosrachadh agus seirbheisean. Bhon a chuireadh air bhog e san Fhaoilleach 2001, thathas air tadhal air an làrach 572774 tursan.

# CRIDHE NA COIMHEARSNACHD

we want your feedback

© 2011 Outer Hebrides Council

